

faileas

Fèisean nan Gàidheal's Newsletter • Iris 53 • An Dùbhlachd 2014 • December 2014

FUARAN NAN ÒRAN



Chaidh Fèis nan Òran a chumail air 5-7 An Dùbhlachd 2014 aig Ionad Fharabrain, faisg air a' Bhlàr Dhubh. Fad dà latha bha 16 againn – uile eadar 16 agus 24 bliadhna a dh'aois – ag ionnsachadh òran, ag èisteachd ri sgeulachdan, a' dèanamh iomlaid air fuinn, a' dannsa agus a' clàradh òran. Le oideachadh bho Rona Lightfoot, Magaidh Dhòmhnaill agus Eilidh NicChoinnich, bha òrain de iomadh seòrsa ann - òrain luaidh, òrain cèilidh, puirt a beul, luinneagan, agus òrain ùra. Chuala iad mu bàl mùin (!), mar a tha bò a' coiseachd, a' dèanamh coc arbhair, a' seòladh, a' maistreadh, mun Chogadh Mhòr, piobaireachd agus iomadh rud eile a tha a' nochdadh, dòigh air choreigin, ann an òrain nan Gàidheal.

Fhuair an òigridh cothrom feadhainn de na h-òrain a dh'ionnsaich iad a dheasachadh airson clàradh agus le stiùireadh bho Ghordon Gunn agus Eilidh NicChoinnich, chlàraich iad 4 seataichean gu sònraichte math an am buidhnean beaga. Aig ceann gnòthaich, chlàraich iad pìos a rèitich Eilidh NicChoinnich a bha na mheasgachadh de sheann òrain Ghàidhlig agus òrain ùra Bheurla (air eadar-theangachadh gu Gàidhlig). Chuireadh a' chòisir bhinn seo dearg fharmad air Gareth Malone!

Fèis nan Òran, held on 5-7 December, as part of Fèisean nan Gàidheal's Fuaran project was a very successful event with 16 young people between 16 and 24 years of age taking part at Fairburn Activity Centre in Marybank. Some of the best Gaelic singers and tradition bearers were in the tuition team. Rona Lightfoot, Maggie Macdonald and Eilidh MacKenzie led and attended a full day of sessions where songs and stories were shared, and harmonies and song fusions were introduced and explored. The participants then had an evening to put some sets and arrangements together before the arrival of Gordon Gunn, well-known Highland fiddler and recording engineer, to introduce the participants to the experience of a recording studio.

A great deal of hard work and enthusiasm went into the weekend from both sides, but there was plenty of time for fun as well with ice-breakers and cèilidh dancing. Fèisean nan Gàidheal hope to be able to put some of the students' recordings on the Fèisean nan Gàidheal website in the next few weeks. Fuaran is part-funded by the Heritage Lottery Fund.



Anns an iris seo:

Fuaran nan Òran	1
Creative Scotland Funding	1
Fèis Bharraigh	2
Fèis a' Bhaile	2
Ceòl, Cànan is Camanachd	3
Fèisgoil	3
Na Trads 2014	4
5 Latha 2015	4



CREATIVE SCOTLAND FUNDING

Chuir Fèisean nan Gàidheal fàilte air an naidheachd gun deach £1.4m a thabhainn dhan bhuidhinn le Alba Chruthachail. Bidh seo a' toirt taic do prògram obrach na buidhne eadar 2015 agus 2018 agus 's e àrdachadh timcheall air 33% a tha ann air a' mhaoin a fhuair e. Meala-naidheachd cuideachd air Fèis Rois a bhios a' faotainn maoin de £660k air na bliadhnaichean sin cuideachd.

Fèisean nan Gàidheal welcomed the news that it would be part of Creative Scotland's portfolio of regular funded organisations with an offer of £1.4m to part fund its work in the years 2015-18 - an increase of around 33% on the foundation funding previously received. We also congratulate Fèis Rois on securing £660k over the same period allowing it to operate independently of Fèisean nan Gàidheal

Creative Scotland received applications worth over £200m for a £90m fund and, in the end, was able to increase that commitment to around £100m. A full list of the organisations to be regularly funded by Creative Scotland is available at www.creativescotland.com.



FÈIS BHARRAIGH NOMINATED FOR GAELIC AWARD



Fhuair obair comataidh Fèis Bharraigh urram aig ire àrd nuair a nochd iad air geàrr-liosta airson Tachartas na Bliadhna aig Duaisean na Gàidhlig a chùim Bòrd na Gàidhlig an co-bhonn ris a' Daily Record.

Aig an Fhèis fhèin bha còrr is 100 an làthair le luchd-teagaisg cliùiteach agus tachartasan sa choimhearsnachd gach oidhche. Chuir iad fàilte cuideachd air Batan na Bànrigh nuair a thàinig i air turas chun nan Eilean Siar agus chaidh Fèis nan Deugairean a chumail aig deireadh an Lùnastail. Chaidh Jane NicNèill agus Mary Ann Fhearghasdan bhon chomataidh do na tachartasan airson Fèis Bharraigh a riochdachadh, a bharrachd air an luchd-teagaisg John James Galbraith agus Màiri Jo Chaimbeul. Ged a thog BT Deasbad Alba an duais air an oidhche, bha Fèis Bharraigh air leth moiteil gun deach an obair aca aithneachadh.

The work of Fèis Bharraigh's committee over the year was recognised at a high level when they were shortlisted for the Event of the Year at the Bòrd na Gàidhlig and Daily Record Gaelic Awards in November.

More than 100 children attended the main Fèis with well-known tutors and community events taking place every night. They welcomed the Queen's Baton when it came on tour to the Western Isles, and a teenage Fèis was held at the end of August.

Jane MacNeil and Mary Ann Ferguson represented the committee on the night along with John James Galbraith and Màiri Jo Campbell. Although BT Debate Scotland won the award on the night, Fèis Bharraigh were very proud of their recognition.

SUCCESSFUL FÈIS A' BHAILE IN HIGHLAND CAPITAL



Thachair Fèis a' Bhaile ann an Acadamaidh Allt a' Mhuilinn eadar 20 agus 24 Dàmhair le 70 compàirtiche agus sgioba fìor mhath de luchd-teagaisg.

Bha mòran chuspairean air an tabhainn a' gabhail a-steach bogsa-ciùil, fìdheall, fìdeag, drumaireachd agus clàrsach. Airson a' chiad uair riamh, bha clas bogsa-putain ann. Fhuair an Fhèis taic-airgid bho Awards for All airson ceithir ionnsramaidean ùr a cheannach.

Chaidh Coinneamh Bhliadhnail na Fèisea air adhart ann an meadhan na seachdain agus bha an Cathraiche, Katie Adam, gu math toilichte fàilte a chur air luchd-cuideachaidh ùr.

Mar as àbhaist, chrìocheadh an Fhèis le consairt air feasgar Dihaoine far an d' fhuair caraidean agus teaghlachan cothrom èisteachd ris a' chloinn agus iad a' cluich na bha iad air ionnsachadh tron t-seachdain. Bha an consairt gu h-àraid sònraichte am-bliadhna oir bha an Neach-taic Maree NicNeacail a' leigeil dhith a dreuchd airson na Fèise.

Tha Maree air a bhith ag obair le Fèis a' Bhaile airson deich bliadhna agus tha mòran de na compàirtichean agus luchd-teagaisg gu math eòlach oirre a-nise. Tha i an còmhnaidh làn spòrs agus gu math dealasach ann a bhith a' leasachadh na Fèise agus na Gàidhlig. Tha sinn uile fada na comain airson a h-uile rud a rinn i - mìle taing!

ANNUAL OCTOBER OUTING FOR FÈIS ÒIGRIDH NA MARA

The workshops at Fèis na Mara on 4th October were fantastic and very well attended. There was a star lineup of tutors including Kathleen MacInnes (Gaelic singing), Norrie MacIver (guitar), Mike Vass (guitar and fiddle), Ewen Henderson (chanter), Murdo Cameron (accordion & whistle), and Tia Files (drumming & groupwork). All the participants got together to perform a piece at a ceilidh in the West Highland Hotel and the groupwork class opened the main Fèis na Mara concert in the Mallaig Hall.

FÈIS CHATAIBH

Fèis Chataibh in Gospiie has held a five day Summer Fèis every year since being set up in 1990 and for the last eight years has run a very successful Cèilidh Trail each July. It is also involved in a range of arts events throughout the year. This year is no different with the Fèis set for a very busy winter, running a series of music workshops for young people aged 8 to 18.

The Fèis began by holding a music day in November which attracted nearly 50 children to workshops in a range of traditional instruments. The day was so successful, with such a level of good feedback from participants and parents alike, that demand in the community for more events of this sort became abundantly clear.

Fèis Chataibh was pleased to respond to this and now has a jam-packed weekend of music and song lined up for the end of February, running four separate events over the weekend of 28th February - 1st March.

Firstly, a music day will offer workshops in eight different subjects on Saturday 28th February in Golspie High School. These workshops are open to any young person aged between 8 and 18, of any musical ability.

Meanwhile a groupwork weekend over Saturday 28th February and Sunday 1st March will provide more advanced players with the opportunity to work on their group music-making skills.

Thirdly a cèilidh on Saturday night in The Golspie Inn will bring participants, volunteers, parents and the wider community together for an evening of top-notch music from Fèis tutors. Bring the dancing shoes!

Finally on Sunday afternoon, the Fèis will hold auditions in Golspie High School for their popular Cèilidh Trail group. Through this scheme the Fèis employs up to six young musicians and singers aged 16-22 to go out on a professional, paid summer tour around Sutherland and Caithness. The group is supported by Fèisean nan Gàidheal with training, rehearsals and a dedicated Cèilidh Trail co-ordinator to arrange the tour.

Fèis Chataibh is now taking bookings for the weekend: for information and an application form on the music day and groupwork events please contact Debbie Celli on debbiecelli@yahoo.co.uk.

If you're interested in applying for the Fèis Chataibh Cèilidh Trail please contact Rachel Harris at Fèisean nan Gàidheal on rachel@feisean.org or 01463 225559.

CO-IOMLAID CIÙIL, CÀNAIN IS CAMANACHD



Bha am Mòd Nàiseanta Rioghaill air leth soirbheachail ann an Inbhir Nis san Dàmhair am-bliadhna leis na mìltean dhaoine a' frithealadh fharpaisean is cuirmean-ciùil agus prògram 'Iomall a' Mhòid' am fear bu thrainge a bh' ann riamh.

Air an dà latha mu dheireadh den Mhòd chaidh tachartas cultarail eile fhighe a-steach ann is dà sgioba a' riochdachadh Alba is Èirinn a' cruinneachadh ann an Inbhir Nis airson iomlaid camanachd, ciùil is cànan.

'S ann timcheall air Sreath Eadar-nàiseanta na h-Iomain a bha an iomlaid seo, stèidhichte air an dà sgioba spòrs a' tighinn aghaidh ri aghaidh air Pàirc a' Bhught Disathairne 18 den Dàmhair airson a' chiad gheama anns an t-sreath.

Ach a bharrachd air an iomlaid iomain bha malairt ciùil is cànan a' dol far na pàirce cuideachd le luchd-ciùil òg na Gàidhlig is na Gaeilge a' tighinn còmhla airson an cuid dualchais a shealltainn agus a thogail bho chèile. 'S e Comann na Camanachd - ann an co-bhonn ri Fèisean nan Gàidheal agus le taic bho Cholmcille - a chuir am pròiseact inntinneach seo air dòigh le òganaich Èireannach a' tighinn a-nall a dh' Inbhir Nis gus coinneachadh ri sgioba de luchd-ciùil òg na h-Alba. 'S ann bho choimhearsnachd bheag Ghàidhealach faisg air Baile Àtha Cliath a thàinig na h-Èireannaich is iad a' riochdachadh Comhaltais, buidheann ceòl traidiseanta na h-Èireann. Thàinig na h-Albannaich còmhla à fèisean eadar-dhealaichte eadar Eilean Leòdhais, An t-Eilean Sgitheanach, Barraigh agus taobh sear Rois.

Ron gheama bha grunn thaisbeanaidhean ciùil aig na h-òganaich is iad a' cluich aig fàilteachadh nan cleasaichean iomain aig Talla-baile Inbhir Nis, aig Duaisean na Camanachd, air prògram Mire ri Mòir a' craoladh beò bhon Mhòd agus aig grunn sheisean neo-fhoirmeil mun bhaile a' fighe a-steach ri Iomall a' Mhòid.

Air latha a' gheama fhèin thug iad seachad taisbeanadh air leth de cheòl is chultar Gàidhealach às an dà dhùthaich aig Pàirc a' Bhught le seat beothail de phuirt, òrain is dannsa.

The Royal National Mòd was a great success in Inverness in October. Overlapping with the last two days of the Mòd there was another interesting cultural event afoot in Inverness with the annual Irish and Scottish national shinty and hurling teams going head to head in Bught Park.

As part of a project - organised by the Camanachd Association in partnership with Fèisean nan Gàidheal and with support from Colmcille - young Scottish and Irish musicians were brought together for four days of music and language workshops, culminating in a performance at Bught Park during the shinty-hurling game. All of the musicians were fluent speakers of Scottish and Irish Gaelic and were drawn from Comhaltas groups in Ireland and Fèisean across Scotland.

SGEULACHDAN ANN AN CILLE CHÒMHGHAIN

Chuir Dougie Beck seachad latha ann am Bun-sgoil Chille Chòmghain, Àird nam Murchan, san t-Sultain far an d' rinn e obair leis a' chloinn air sgeulachdan, dràma agus ceòl. Chaidh iarraidh air Fèisean nan Gàidheal an latha a chur air dòigh le Fèis Leabhraichean nan Trì Lochan, agus abair gun do chòrd e ris a' chloinn agus tidsearan le chèile.

Leis gur ann fo bhratach na Fèis Leabhraichean a bha Dougie ag obair, dhealbhaich e bùth-obrach mar chothrom don chloinn rannsachadh a dhèanamh air na diofar àiteachan anns am faighear sgeulachdan – leabhraichean, fiolmaichean, eachdraidh agus mac-meanmna dhaoine nam measg. Chuala a' chlann sgeulachdan à Mùideart is Àird nam Murchan.

Bha comataidh na Fèis Leabhraichean gu math toilichte leis mar a chaidh an latha cuideachd, agus tha e coltach gun tèid ar fiathachadh air ais an ceann dà bhliadhna eile nuair a bhios an fhèis a' ruith a-rithist.



FÈISGOIL AIG CÙIL LODAIR

Mar phàirt de co-bhanntachd ùr eadar Fèisean nan Gàidheal agus Urras Nàiseanta na h-Alba, thug Dougie Beck sgoilearan bho Bhun-sgoil Bhruch na Muilne ann an Inbhir Narann timcheall Ionad Blàr Chùil Lodair air cuairt Ghàidhlig. Ged a rinn Dougie tòrr obrach den t-seòrsa seo o chionn beagan bhliadhnaichean, chuir e cuideachd seachad latha eile ag obair le luchd-iùil an ionaid gus cur na chuimhne mar a bhios a' chuairt (le bùth-obrach spòrsail na cois) ag obair.

Thuirt Dougie: 'S e latha gu math spòrsail a bh' ann, is bha a' chlann glè laghach. 'S e àite iongantach a th' anns an làraich a tha seo; chan e a-mhàin gu bheil i làn eachdraidh a tha cudromach dha-rìribh don Ghàidhealtachd is do dh'Alba air fad, ach tha i cuideachd gu math taitneach do dhaoine de gach aois.

Chuir e an uair sin latha eile seachad aig an Ionad le Sìneag, a' phupaid 's iad ag innse do chloinn mu bheatha air Ghàidhealtachd san 18mh linn mar phàirt de latha fosgailte a bhios an t-Urras Nàiseanta a' cumail gach bliadhna. Thàinig còrr is ceathrad do na bùthan-obrach seo, is air sgàth cho soirbheachail 's a bha iad, tha Dougie am beachd, 's dòcha, am prògram aige a leudachadh beagan is dealbh-cluiche slàn a dhèanamh stèidhichte air beatha dhaoine àbhaisteach aig àm Chùil Lodair.

Tha a' cho-bhanntachd seo gu bhith a' leantainn: tha sinn gu bhith a' stiùireadh chuirtean Ghàidhlig eile an ath-bhliadhna aig an Ionad, agus bidh sinn an sàs ann a bhith ag ullachadh stuthan-taice ùra do thidsearan.

As part of a new partnership between Fèisean nan Gàidheal and the National Trust for Scotland, Dougie Beck spent a day in November taking Gaelic-speaking youngsters from Nairn round Culloden Battlefield Centre. This successful day was followed by Dougie and Sìneag the puppet telling over 40 children about life in the Highlands in the 18th century as part of the Battlefield Centre's annual open day. The partnership with NTS is set to flourish, with more Gaelic tours next year, and we will be involved in the production of brand new teachers' materials in the new year.

If any school (primary or secondary) would like a Gaelic-medium tour of Culloden, please contact Katey Boal on 0844 493 2159.

CEÒL NAM FÈIS @ NA TRADS 2014



Chruinnich còrr is naoi ceud duine ann an Inbhir Nis air Disathairne 13 Dùbhlachd airson Na Trads 2014, Duaisean Ciùil Traidiseanta na h-Alba. Bha oidhche shònraichte ann le duaisean gan toirt seachad do chuid de luchd-ciùil, buidhnean, tachartasan agus clubaichean as soirbheachaile a th' againn ann an Alba.

Mar phàirt den chuirm bha còrr is 60 neach òg a' riochdachadh nam Fèisean le puirt is òran bhon chuirm Ceòl nam Fèis a chaidh a chumail na nu thràithe air a' bhliadhna aig Blas 2014.

'S e cothrom air leth a bha seo don òigridh 's tha iad a-nis a' coimhead air adhart ri cuirm Ceòl nam Fèis a chur air an àrd-ùrlair a-rithist anns a' bhliadhna ùir aig an fhèis chliùitich Celtic Connections. Thèid seo a chumail ann an Talla Ciùil Rìoghail Ghlaschu air Disathairne 24 Faoilleach aig 1f.

Na Trads 2014, the Scottish Traditional Music Awards, were held in Inverness on Saturday 13th December. It was a fantastic evening that celebrated the achievements of our leading musicians, community groups, events, clubs and individuals in Scotland connected to the world of traditional music and song.

Fèisean nan Gàidheal sponsors the Traditional Music Hall of Fame and the Hamish Henderson Award for Services to the Industry. Fèisean nan Gàidheal's Chair, Duncan MacQuarrie, presented the Hamish Henderson award to Kevin Henderson who accepted it on behalf of his late father, Shetland folk festival stalwart, Davie Henderson.

As part of the event a wealth of talented musicians took to the stage including a short performance from over 60 Fèis participants who performed 'Càirdeas', written by Blair Douglas, and a tune set from the hugely successful Ceòl nam Fèis concert held earlier in the year at Blas.

Next up for Ceòl nam Fèis is Celtic Connections 2015. Over 100 youngsters from the Fèis movement will take to the stage at the Glasgow Royal Concert Hall on Saturday 24th January.

REGISTER FOR A PLACE ON 5 LATHA 2015

Thèid 5 Latha 2015 a chumail eadar 6 agus 11 Giblean aig Na Gearrannan, Eilean Leòdhais airson a' cheathramh bliadhna. Gheibh suas ri sia-deug com-pàirtiche aig aois àrd-sgoile a tha fileanta sa Ghàidhlig an cothrom còig latha a chur seachad ann an coimhearsnachd Ghàidhlig far a bheil obair croitearachd, iasgaich agus a' Chlò Hearaich mar phàirt mòr de bheatha na sgìre.

Gach latha bidh com-pàirtichean a' tadhal air daoine aig a bheil sàr eòlas air an obair aca agus gheibh iad an cothrom ionnsachadh mu na diofar ghniomhan a tha an sàs, bho chaoraich aig àm breith nan uan, buain na mònach, iasgach aig mùir, trusadh maorach gu obair a' Chlò Mhòir bho snàth gu seacaid.

Bidh com-pàirtichean cuideachd ag ionnsachadh beagan mu bhith a' còcaireachd biadh traidiseanta de gach seòrsa, le taic bho mhuinntir an àite.

Ged nach fheum comas ciùil a bhith aig com-pàirtichean airson 5 Latha a fhriththeadh, bidh sinn a' tabhainn chothroman sònraichte ceòl is òrain ionnsachadh bho shàr luchd-ciùil na Gàidhlig cuideachd.

Airson tuilleadh fiosrachaidh cuiribh fios gu Calum Ailig MacMhaoilein air 01463 225559 no calum@feisean.org.

The fourth annual 5 Latha residential event will be held at the Gearrannan Blackhouses, Isle of Lewis between 6 and 11 April 2015. Up to sixteen Gaelic speaking participants of high school age will have the opportunity to spend five days in a community where Gaelic is used naturally and get hands-on experience of traditional skills like crofting and fishing.

COINNEAMH BHLIADHNAIL & CO-LABHAIRT 2014

Chaidh Coinneamh Bhliadhnail Fèisean nan Gàidheal a chumail Dihaoine 26 Sultain 2014 aig 6.30f ann an Taigh-òsta Golf View, Inbhir Narainn. Bha Dinneir agus Cèilidh as dèidh làimh anns an Taigh-òsta, le ceòl bho òigridh Fèis Inbhir Narainn agus còmhlan cèilidh Monach Isles.

Chaidh Co-labhairt na buidhne air adhart Disathairne 27 Sultain far an robh Ailean Caimbeul, Neach-gairm Comataidh Ionadail Mòd Inbhir Nis 2014, air aoi gheachd againn. Bha fiosrachadh gu leòr aig luchd-eagrachaidh nam Fèisean ri fhaotainn agus cothrom ann beachdan a thoirt seachad mun àm ri teachd airson Fèisean nan Gàidheal.

The Annual General Meeting of Fèisean nan Gàidheal took place in Nairn on 26 September when Duncan MacQuarrie, Fèisean nan Gàidheal's Chair, presented the organisation's Annual Report. This was followed by a Dinner and Cèilidh with music from Fèis Inbhir Narainn and Monach Isles Cèilidh Band.

The organisation's Conference took place the next day and Allan Campbell, Convener of the Local Organising Committee Inverness Mod 2014, was our special guest. There was lots of practical information to pass on to Fèis organisers and an opportunity to shape Fèisean nan Gàidheal's future plans.



MEALAI BH UR NAIDHEACHD

Congratulations and best wishes to Dougie Beck our Gaelic Drama Officer and his wife Deirdre, a member of our Board of Directors, on the birth of their beautiful daughter Muireann on 21st October. Slàinte is sonas dhuibh uile!

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ
Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org